

Fiosrachadh Pearsanta / Contact Information

Buidhean Organisation	Ceòlas Uibhist
Seòladh	Dalabrog
Dùthaich Country	Alba

Ceistean | Questions

1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Chùm Ceòlas Uibhist diofar choinneamhan le muinntir Uibhist a Deas agus oileanaich a' chùrsa GIFT aig tòiseachd na Cèitein airson beachdan a thrusadh dhan fhreagairt seo, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, luchd-fìleanta, òigridh, luchd-teasgasg agus pàrantan. Tha na beachdan uileag air am fighe a-staigh.

Tha sinn a' moladh nan àrd-amasan seo leis gu bheil iad a' toirt theòiridhean sòisio-chànanach làithreach fa-near agus tha iad gan cur ann an riochd simplidh a ghabhas tuigsinn.

2. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

Tha sinn a' creidsinn gum broснаich deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig miann dhaoine airson a' chànan a chleachdadh.

Tha na prìomh raointean far am bithear ag amas air sin a dhèanamh an crochadh gu mòr air an raon phoblach. Tha sinn den bheachd gum bu chòir gun amais PCNG air deagh ìomhaigh na Gàidhlig a bhrosnachadh cuideachd anns na coimhearsnachdan Gàidhealach. Tha sin ri ràdh gum biodh amasan PCNG a' dol nas motha an lùib na coimhearsnachd le iomairtean margaidheachd agus sgaoileadh deagh naidheachd. Chuidicheadh seo le fèin-mhisneachadh nan Gàidheal nan cànan fhèin. Tha seo cudromach do bhrosnachadh na h-òigridh, agus cuideachd do Ghàidheil a dh'fhuing uimhir de chur-sios feadh nan ginealach.

Bha beachd ann gum feumar barrachd den naidheachd mhath mu bhuannachdan dà-chànanais agus na luachan a tha an lùib na Gàidhlig airson seann bharailean a dhith-fhianaiseadh. Sna h-Eileanan Siar, tha am beachd fhathast ann nach eil a' Ghàidhlig gu feum, do chloinn no do na h-urracha mòra ann an Innse Gall no Alba. Mar eisimpleir, cha mhòr nach e teagasg an aon dreuchd a dh'fheumar Gàidhlig mar sgil-obrach sna h-Eileanan. Airson obair sam bith eile, cha ruigear a leas Gàidhlig a bhith agad; ma tha obraichean a bharrachd far a bheil Gàidhlig riatanach, chan ann sna h-Eileanan a tha iad.

Tha sinn den bheachd gum bu chòir gum bi deagh naidheachdan gan sgaoileadh am measg bhuidhnean is luchd-iomairt na Gàidhlig uiread sa ghabhas gus sàr chleachdadh a chur far comhair. Chuireadh seo ri eòlas nam buidhnean air dè tha ag obair gu math agus dè nach eil. Bhiodh seo cuideachd a' lughdachadh uiread de dhùblachadh obrach.

Moladh

Mholamaid gum bi iomradh air adhartachadh deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig an lùib nan coimhearsnachdan Gàidhealach fhèin agus sgaoileadh sàr chleachdadh am measg bhuidhnean Gàidhlig.

3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

Tha sinn ga mheas riatanach dha fàs na Gàidhlig gun tig àrdachadh san àireamh de dhaoine aig a bheil sgilean sa Ghàidhlig.

FtG

Bha beachd ann am measg phàrantan Uibhist gum bu chòir FtG a bhith air a solar ri 100% den chloinn sna h-Eileanan, seach targaid CnES mu 55%-60%. Leis gu bheil sgoilearan Beurla anns na sgoiltean, tha sin a' fàgail nach eil a' chlann a' faighinn bogadh ceart. A bharrachd air seo, tha e coltach nach ionnann sgoiltean Gàidhlig tìr-mòr (a tha dha-rìreabh làn Gàidhlig) agus sgoiltean 'Gàidhlig' nan Eilean, far a bheil sruthan susbainteach Beurla ann. Tha seo uile a' fàgail nach fàs a' chlann fileanta sa chànan tron sgoil.

Bha beachd làidir am measg oileanaich GIFT gu bheil dùbhlain mhòra rompa a thaobh solar foghlaim Ghàidhlig do chlann le feumalachdan a bharrachd. Chan ann a-mhàin gu bheil a' call àireamhan a chionns gum bi pàrantan a' gluasad an cuid chloinne dhan sruth Bheurla air sgàth dìth taic, ach gu bheil FtG ag adhbhrachadh thrioblaidean a bharrachd do chlann (ann am FtG aig nach eil a' Ghàidhlig san dachaigh) a chionns gum bi an cànan coimheach gan cur troimhe-chèile. Tha dìth luchd-taic as urrainn dèiligeadh ri feumalachd a bharrachd sa Ghàidhlig na dhùbhlain.

Bhathar cuideachd ag ràdh gun robh dìth ghoireasan teagasg fhathast a dhìth, gu sònraichte aig ìre na h-àrd-sgoile airson caochladh chuspair. Bhathar a' faireachdainn gum b' urrainn don SQA a bhith fada nas èasgaidh ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig am broinn foghlaim, mar eisimpleir a thaobh deuchainnean. Ionnsachadh a-muigh na sgoile

Tha am prìomhachas seo (ionnsachadh) a' cur cuideam mòr air ionnsachadh na sgoile, ach saoilidh sinn gum bu chòir do dh'ionnsachadh na Gàidhlig a thachairt taobh a-muigh na sgoile cuideachd. Chan ionnann ionnsachadh na Gàidhlig san sgoil agus togail na Gàidhlig sa choimhearsnachd. Tha tòrr sgilean Gàidhlig – cainnt, gnàthasan, dualchainntean, msaa – nach faighear san sgoil a chuireas ri comasan cànan.

Tha sinn cuideachd den beachd gum bu chòir gum bi drochaid ga togail eadar ionnsachadh na sgoile agus ionnsachadh sa choimhearsnachd, gus am bi a' Ghàidhlig ga h-aiseag tro na ginealaich mar bu dual.

Ionnsachadh Inbheach

Bha a' bhuidheann GIFT ag ràdh gun robh tòrr a bharrachd obair ri dhèanamh airson ionnsachadh na Gàidhlig eadar 18-30 bliadhna a dh'aois, a' gabhail a-steach cothroman son maoinachadh a th' aig a' Bhòrd. Bhathas a' faireachdainn nach robh fios ga sgaoileadh gu h-èifeachdach mu na cothroman agus mun taic a tha ri thairgse bhon Bhòrd. Bha iad cuideachd mothachail air cho feumail sa bha cothroman air cùrsaichean bogaidh ann an coimhearsnachdan far an robh a' Ghàidhlig ga labhairt gu làitheil le mòr-chuid.

Bha feadhainn den luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn gun robh leantailachd a dhìth ann an cùrsaichean Gàidhlig do dh'inbhich, nach eil curriculum nàiseanta ann a ghabhadh a chleachdadh thar na dùthcha. Bha iad cuideachd ag iarraidh barrachd cothroman cùrsaichean bogaidh a dhèanamh.

Moladh

Mholamaid gun amais PCNG air 100% de sgoilearan Innse Gall a bhith ann am FtG; agus gum bi sgeamaichean bogaidh do chlann FtG, FLi, inbhich agus luchd-teagasg an lùib nam prìomh raointean (mar a tha ann an Raon 3: Cleachdadh na Gàidhlig).

4. Tha sinn dhen beachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

Tha sinn a' moladh nam prìomh raointean seo, gu h-àraidh leis gu bheil dachaigh agus coimhearsnachd air bàrr na liosta.

Tha dùbhlain mòr ro chleachdadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar. Ged a tha ìrean àrda de chleachdadh am measg choimhearsnach agus chàirdean, tha cnapan-starra ann cuideachd. Pàrantan is Coimhearsnachd

Tha feadhainn de phàrantan Uibhist nach bruidhinn i dhan chloinn. Bha buidheann-fòcais nam pàrant a' smaointinn gun robh seo air sgàth nach eil cuid de phàrantan mothachail air an luach a th' aig a' chànan no gu bheil iad den beachd nach robh i gu feum sam bith. Bha beachd làidir gur e an siostam foghlaim bho shean a dh'adhbhraich seo.

Chan eil PCNG ag ràdh mar a chuireas e roimhe buaidh a thoirt air na pàrantan sin (no na h-inbhich a bhitheas nam pàrantan), aig a bheil an cànan ach nach toir i dhan chloinn. Ged a tha fios againn air dè an dùbhlain, chan eil fhios a thaobh ciamar.

Tha dùbhlann ann a thaobh chothroman cleachdaidh do dhaoine a thig dhan eilean, a tha ag ga h-ionnsachadh. Thuirte buidheann-fòcais an luchd-ionnsachaidh gun robh e gu h-àraidh doirbh a bhith toirt air Gàidheil bruidhinn riutha sa chànan. Bha beachd aig Gàidheal, cuideachd, gun robh seo air sgàth gun robh eagal no dìth-mhisneachd air cuid de na Gàidheil a thaobh bruidhinn a' chànan ri daoine a dh'ionnsaich i. Can nam faighnicheadh cuideigin dhiubh ceist mu litreachadh no cainnt air nach biodh fios aig an luchd-labhairt – air sgàth dìth foghlaim is dìth comais, cha bhiodh sin ach a' sònrachadh nan laigsean a bh' aig an neach-dùthchasach.

Moladh

Mholamaid gun amais PCNG air daoine aig a bheil an cànan – pàrantan nam measg – a mhisneachadh gu bruidhinn an cànan ann an dòigh èasgaidh.

5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Prìomh ghealltanasan

1) Adhartachadh na Gàidhlig

Chan eil iomradh an seo air a bhith a' cur air adhart deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig an lùib nan coimhearsnachdan a bhruidhneas i. Bu chòir gum broснаich deagh ìomhaigh na Gàidhlig am miann a th' aig daoine gus Gàidhlig a bhruidhinn, agus mòr-chuid nan daoine sin ann an coimhearsnachdan Gàidhealach. Feumaidh gum bithear a' dèanamh seo ann an dòigh èasgaidh gnìomhach.

2) Ionnsachadh na Gàidhlig

Tha dùbhlann ann a thaobh clann le feumalachdan a bharrachd agus sin a' fàgail gu bheil dùbhlann ann ro luchd-teagasg agus ron chlann fhèin. Tha dìth ghoireasan-ionnsachaidh fhathast ann, gu sònraichte aig ìre na h-àrd-sgoile.

Chan eil iomradh fon phrìomhachas seo air a bhith a' togail drochaid eadar an luchd-ionnsachaidh agus na coimhearsnachdan Gàidhealach. Tha sinn den bheachd gur ann às aonais seo thig leudachadh air a' bhearn a th' ann eadar cainnt nan diofar ghinealach, no eadar an luchd-ionnsachaidh agus na Gàidheil.

Bu chòir gum bi luchd-ionnsachaidh agus clann ann am foghlam Gàidhlig a' taiceadh agus a' cur ris na coimhearsnachdan-cleachdaidh. Amhail mar sin, bu chòir gum bi na coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig làidir a' gabhail pàirt ann am foghlam luchd-ionnsachaidh aig ìre nas motha.

Tha cothrom aig PCNG an drochaid eadar an dà bhuidheann a thogail agus a neartachadh. Tro ionnsachadh, bu chòir gum bi clann is luchd-ionnsachaidh a' faighinn chothroman a dhol an lùib nan coimhearsnachdan Gàidhealach gus na comasan aca a leasachadh agus airson feartan den dualchas a tha an cois na Gàidhlig a bhlasadh agus a thogail.

Saoilidh sinn gum bu chòir seo a thachairt sa gheàrr-ùine agus le cabhaig, leis gu bheil tanachadh a' tighinn nar saoghal mar as luaithe a dh'fhalbhas an t-seann ghinealach fìor-Ghàidhealach. Tha na seann Ghàidheil a' riochdachadh luach gun phrìs, nach faic sinn a-rithist, agus 's e call a bhiodh ann mura gabhar an cothrom agus e ri làimh.

Bu chòir gum nochd iomradh a thaobh na tha shuas san raon mu ionnsachadh na Gàidhlig, a bharrachd air Cleachdadh na Gàidhlig.

3) Cleachdadh na Gàidhlig

Tha sinn a' moladh gu bheil prìomhachas ga chur air dachannan is coimhearsnachdan le Gàidhlig. Thathar den bheachd gum bu chòir am Bòrd agus an raon phoblach a bhith nas èasgaidh gnìomhaiche ann a bhith a' brosnachadh dhaoine gu cleachdadh cunbhaileach, gu sònraichte sna coimhearsnachdan far a bheil tòrr Ghàidheil ann aig a bheil an cànan, ach a tha a' fulang crìonadh san ìre-chleachdaidh.

Tha sinn a' moladh togail ceangail le Ceap Breatainn; tha Ceòlas air a bhith air thòiseachd a' togail dàimh le ar co-oghanan ann an Canada thar an 20 bliadhna a dh'fhalbh. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil cuibhreann mhath de luchd-ionnsachaidh a' tighinn às na coimhearsnachdan Gàidhealach ann an Canada.

Tha sinn fuathasach fhèin toilichte fhaicinn gu bheil am pròiseact, a th' eadar Colaisde a' Chaisteil – ùghdarras poblach aig a bheil Plana Reachdail Gàidhlig, agus Ceòlas Uibhist – buidheann coimhearsnachd, a' nochdadh mar ghealltanais sa Phlana.

6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.

Bu mhath le Ceòlas Uibhist freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairleachadh poblach air an treas Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig (PCNG), air ullachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Ann a bhith ag ullachadh na freagairt seo, rinneadh co-chomhairleachadh sa choimhearsnachd agus le oileanaich GIFT a bh' air cùrsa bogaidh. Chumadh co-dhiù 3 coinneamhan foirmeil fa leth, a bharrachd air bruidhinn san dol-seachad le feadhainn eile, a' co-chomhairleachadh ri còrr is 20 neach, a bharrachd air luchd-obrach Ceòlas. Tha Ceòlas a' cur fàilte air an dreachd phlana fhèin agus air na prìomhachasan a chuireas ri fàs na Gàidhlig san àm ri teachd. Tha sinn cuideachd a' toirt taing gu bheil a' toirt luaidh air Cnoc Soilleir mar ghealltanais a bheir piseach air cleachdadh na Gàidhlig gu nàiseanta.

San fharsaingeachd, tha an dreachd Phlana rudeigin fuasgailte, gun a bhith mionaideach. Tha na h-amasan àrd-ìre feumail ann a bhith a' sònrachadh dè tha a dhìth, ach bha faireachdainn ann am measg dhaoine a thug seachad beachdan nach robh fios ann air ciamar a bhitheas iad air an cur an gnìomh. Bhathar ag iarraidh gum biodh am Plana, an ro-innleachd agus an dòigh-liubhairt, na bu chinntiche.

Bha beachd ann nach robh mòran conaltraidh no engagement ann bhon Bhòrd, anns a' choimhearsnachd agus ris na sgoiltean (am measg oileanaich GIFT). Bhathar a' faireachdainn gum bu chòir don Bhòrd a dhol nan lùib ann an dòigh nas motha airson faicinn dè tha tachairt an dà-rireabh.

Tha sinn cuideachd airson gun toir PCNG fa-near gu bheil e nas cosgailte gnothaichean is tachartasan a ruith ann an sgìrean dùthchail agus eileanach na tha e ann an bailtean agus air tìr-mòr. Tha seo a cheart cho fìor a thaobh, mar eisimpleir, tighinn gu co-labhairtean agus a tha e airson chosgaisean ruith.

Tapadh leibh.